

Cead dhan h-uile h-àite: Reul-bhith-eòlas

Dè th' ann an reul-bhith-eòlas?

Bha daoine riamh a' coimhead suas air na reultan agus ag ràdh riutha fhèin 'A bheil sinn nar n-aonar sa Chruinne-cè?' Tha sinn air fianais a chruinneachadh, sgeulachdan innse agus air feuchainn ri freagairtean fhaighinn air a' cheist sin.

Bha daoine riamh a' coimhead suas air na reultan agus ag ràdh riutha fhèin 'A bheil sinn nar n-aonar sa Chruinne-cè?' Tha sinn air fianais a chruinneachadh, sgeulachdan innse agus air feuchainn ri freagairtean fhaighinn air a' cheist sin.



Stonehenge, Andy Cox
CC-BY-NC-ND 2.0



Jantar Mantar Observatory, Jaipur (AG)

Dian-àrainneachdan

Ma tha fios againn cò ris a tha beatha air an Talamh coltach, bidh e nas fhasa dhuinn comharran beatha fhaicinn air planaidean eile. Cha mhòr nach eil nithean beò anns a h-uile h-àite air an Talamh, agus chan ann dìreach far a bheil na lusann agus na beathaichean as aithne dhuinn a' fuireach.

Chaidh micro-fhàs-bheairtean a lorg sa h-uile seòrsa àite air an Talamh: àitichean sa bheil tòrr salainn, àitichean uabhasach fuar, àitichean uabhasach tioram agus ann an lòn de dh'uisge uabhasach teth. Bidh reul-bhith-eòlaichean a' sgrùdadh na

seòrsa beatha a tha beò anns na dian-àrainneachdan sin air an Talamh airson gun dèan sinn tuairmse air cò ris a bhiodh beatha coltach ann an àite eile a bharrachd air an Talamh.

A' dìon an Talaimh agus an Fhànais

Thar ùine, tha sinn air coimhead nas fhaide air falbh, a' cur dhaoine chun na Gealaich agus sgrùdairean robotaig gu Crios na Grèine. Bidh reul-bhith-eòlaichean a' cleachdadh an fhiosrachaidh a thilleas bho na miseanan sin feuch an lorg iad fianais air beatha air falbh bhon Talamh.

Bidh reul-bhith-eòlaichean cuideachd a' feuchainn ri tuigsinn ciamar a thèid againn gun na h-àiteachan air an tadhail sinn a thruaillleadh le stuth bhon Talamh, agus dè dha' fhaodadh tachairt nan tachradh sin gun fhiosta dhuinn. Bidh iad cuideachd a' smaoineachadh air ciamar as urrainn dhuinn an Talamh a dhìon nan toireamaid rudeigin cronail air ais bhon Fhànas.

Gabh pàirt sa mhisean againn

Tha reul-bhith-eòlaichean dhen bheachd gur dòcha gun atharraich sinn ar beachd air an dòigh a tha sinn gar faicinn fhèin, agus an t-saoghail, ma bhios sinn a' cur cheistean mòra mu bheatha taobh a-muigh na planaid againn.

Gabh pàirt sa mhisean again! Thoir do bheachd air dè tha e a' ciallachadh dhutsa a bhith a' coimhead airson beatha air falbh bhon Talamh an seo.

Mura bheil thu 18, iarr air pàrant, neach-cùraim no inbheach eile do chuideachadh.

AstrobiologyOU

Thàinig am fiosrachadh airson na h-obair seo bho [AstrobiologyOU](#), buidheann rannsachaidh aig an Oilthigh Fhosgailte, san Rìoghachd Aonaichte. 'S e buidheann rannsachaidh eadar-chuspaireil a tha a' gabhail a-steach geòlas, bith-eòlas, ceimigeachd, fiosaigs, conaltradh, feallsanachd, leasachadh eadar-nàiseanta, an lagh agus eile a th' ann an AstrobiologyOU. Tha an rannsachadh a' còmhach iomadh raon; chan e dìreach ceistean mu bheatha air falbh bhon Talamh, ach cuideachd riaghladh agus beusalachd a bhith a' coimhead airson beatha an àiteigin eile.

